

# Gnìomhachasan Cruthachail

## Ro-innleachd airson Alba Chruthachail 2016-17

### Earr-ràdh 3

---

---

# AM PRÒISEAS CO- CHOMHAIRLEACHAIDH

---

---

Tha an t-earr-ràdh seo a' toirt cunntas air a' phròiseas cho-chomhairleachaidh a rinn sinn agus sinn a' cur Ro-innleachd nan Gnìomhachasan Cruthachail ri chèile.





ALBA | CHRUTHACHAIL

© 2016 Alba Chruthachail

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-fhoillseachadh ann am fòrmat sam bith gun chead sgrìobhte ro làimh bho Alba Chruthachail.

## Co-ionannachd chothroman

Tha poileasaidh co-ionannachd chothroman aig Alba Chruthachail. Tha slighe a-steach do dhaoine air a bheil ciorram aig na h-oifisean againn. Tha cuid de na foillseachaidhean rim faighinn ann an Gàidhlig, Scots, ann an clò-mòr agus ann an cruth claisneachd. Cuir fios thugainn air 0845 603 6000 Airson Typetalk cuir 18001 ron àireamh Airson luchd-cleachdaidh BSL, cleachd [www.contactsotland-bsl.org](http://www.contactsotland-bsl.org)

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh ann an clò dealain le Alba Chruthachail - thoir an aire dhan Àrainneachd agus na clò-bhuail seo mur a bi cruaidh fheum agad air. Thoir an aire gu bheil sinn a' cleachdadh cheanglaichean-lìn san sgrìobhainn seo (gus ceangal ri foillseachaidhean, rannsachadh no planaichean eile) agus nach gabh iad seo a leughadh ma chlà-bhuaileas tu an sgrìobhainn seo.

Tha an t-ais-eòlas agad cudromach dhuinn. Innis dhuinn dè do bheachd air an fhoillseachadh seo le bhith cur post-d thugainn aig [feedback@albachruthachail.com](mailto:feedback@albachruthachail.com)

## A' stèidheachadh nam prìomhachasan againn - a' sireadh bheachdan na roinne

Thug na h-amasan agus miannan a cho-roinn sinn tro shreath de cho-chomhairlean a ghabh àite aig deireadh 2014 agus meadhan/deireadh-2015 buaidh air an ro-innleachd againn.

### Ceuman agus clàran-ama na co-chomhairle:

- Na coinneamhan agus bùithtean-obrach tòiseachail air an cumail - air an stiùireadh le Tom Fleming Creative Consultancy, an Dùbhlachd 2014
- Barrachd bùithtean-obrach leasachaidh - air an stiùireadh le Clive Gilman, an t-Ògmhios - an Dàmhair 2015
- Co-chomhairle phoblach air dreach ro-innleachd air fhosgladh - air loidhne, an Dàmhair - an t-Samhain 2015

Chaidh na seiseanan tòiseachail a stiùireadh le Tom Fleming Creative Consultancy, eòlaichean eadar-nàiseanta san raon seo. Chaidh sgrìobhainn frèam-obrach a chruthachadh a chaidh an uair sin a thoirt do bhòrd Alba Chruthachail agus do bhuidheann SCIP. Chaidh seo a leantainn le dàrna seata de sheiseanan co-chomhairleachaidh a thog air an obair seo gus barrachd fòcas a chur air feumalachdan gnìomhachasan cruthachail na h-Alba.

Bha na ciad seiseanan ann an cruth coinneamhan agus bùithtean-obrach leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean a' tighinn bhon roinn phoblaich agus bho bhuidhnean ro-innleachdail. Lean an dàrna seata de sheisean am fòrmat seo an toiseach leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean a' tighinn bho ghnothachasan cruthachail beaga. Chaidh na bùithtean-obrach seo a chumail ann an sia àiteachan air feadh na h-Alba (Obar Dheathain, Dùn Dè, Dùn Phris, Dùn Èideann, Glaschu agus Inbhir Nis) agus chaidh an leantainn le coinneamhan a bharrachd le diofar dhaoine an dà chuid bho ghnothachasan agus bho bhuidhnean san roinn. Uile gu lèir, ghabh còrr is 200 duine pàirt anns na coinneamhan agus seiseanan bùth-obrach. Rinneadh lèirmheas air litreachas mar phàirt den phròiseas cuideachd.

### Coinneamhan agus seiseanan bùth-obrach tòiseachail - an Dùbhlachd 2014

B' iad seo na prionnsabalan a thàinig am follais bhon chiad seata de cho-chomhairlean:

- Riatanas a bhith a' co-obrachadh leis na feartan sònraichte a th' aig na fo-roinnean ann an gnìomhachasan cruthachail na h-Alba
- Miann a bhith a' toirt taic do cho-obrachadh mar phàirt dheatamach den ro-innleachd
- Miann a bhith a' brosnachadh com-pàirteachadh poblach/priobhaideach
- Riatanas a bhith ag àrach na slabhraidh-luach
- Miann a bhith a' cumail taic ris na gnìomhachasan cruthachail gus eadar-dhealachadh a dhèanamh agus gus luach a chur ris an eaconamaidh agus ris a' chomann-sòisealta.

- Riatanas a bhith a' ceangal chom-pàirtichean anns an roinn foghlaim agus sgilean
- Miann a bhith a' fosgladh chothroman eadar-nàiseanta airson nan gnìomhachasan cruthachail

San fharsaingeachd, cho-dhùin an sgrìobhainn frèam-obrach tòiseachail gun robh tòrr neartan ann an Alba ach nach robh sinn fhathast a' coileanadh ar comas. Cha robh toradh à tighinn a-mach às a h-uile cothrom agus bha àiteachan anns na slabhraidhean-luach anns a h-uile fo-earrann far an robhar den bheachd gum b' urrainn barrachd obair a dhèanamh gus am pròiseas a dhèanamh nas fhasa gus bathar is seirbheisean ùra a thoirt dhan mhargadh.

Bhathar den bheachd gun robh leasachaidhean a dhìth ann an:

- Bun-structar lìonrachaidh digiteach
- Ceanglaichean eadar FE/HE agus gnìomhachas
- Ceanglaichean ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais
- Cothroman obrach seasmhach a bhith ann airson daoine aig a bheil sgilean is tàlant
- Gabhail ri cothroman eadar-nàiseanta

Chaidh dragh a nochdadh gun robh cus cuideam air seilbheachd innleachdail agus gun robh seo a' cur bacadh air co-obrachadh a dh'fhaodadh a bhith ann agus nach robh sinn a' leasachadh cothroman tar-roinneil cho math 's a b' urrainn dhuinn.

### **Bùithtean-obrach leasachaidh a bharrachd - an t-Ògmhios - An Dàmhair 2015**

Choimhead an dàrna seata de bhùithtean-obrach air seo ann am barrachd doimhneachd le gnothachasan cruthachail as motha a' gabhail pàirt ann is iad ag obair còmhla gus sgrùdadh a dhèanamh anns na raointean a leanas:

- Na Gnìomhachasan Cruthachail: Fo-earrannan agus slabhraidhean-luach - càite as motha a bheil an t-eadar-theachd a dhìth?
- A' faighinn cothrom air margaidhean - Dè na cothroman is dùbhlain a th' ann?
- Tionnsgalachd - Ciamar a leasaicheas sinn co-obrachadh agus tasgadh?
- A' cumail taic ris an eaconomaidh san fharsaingeachd - Ciamar as urrainn dhuinn luach gnìomhachasan cruthachail na h-Alba a reic ann an dòigh nas fheàrr?
- Foghlam is sgilean - A bheil iad iomchaidh?
- Dàimhean ris an roinn a tha a' faighinn taic tro thabhartasan - Ciamar a chuireas sinn luach ris?
- A' dèanamh shuidheachaidhean agus suidheachadh eadar-nàiseanta - a' togail mhargaidean.

B' e na prìomh phuingeann a thàinig a-mach às an dàrna seata de bhùithtean-obrach:

- Feum air an àite aig eadar-mheadhanairean agus aig lionraidhean ath-neartachadh ann an taic ri gnothachasan fa leth
- Cho cudromach sa tha meantoradh/sgaoileadh co-bhuidhnean ann a bhith a' toirt seachad taic is stiùireadh 1:1
- Feum air tobraichean ionmhais a bharrachd air tabhartasan
- Na dùbhlain bho sholar poblach
- Ceistean mu bhith a' cumail taic ri luchd-malairt aonair agus ri co-chomainn
- Cho cudromach sa tha bunachas agus cò as a tha rudan a' tighinn.
- Feuchainn ri 'referral-itis' a sheachnadh - nuair a tha daoine, mar as trice le deagh rùn, a' cur daoine air adhart do bhuidhnean no siostaman taic eile.
- Crìochan aois - uaireannan thathar a' coimhead air na gnìomhachasan cruthachail mar àite airson daoine òga ach bidh daoine a' cruthachadh gnothachasan ùra aig gach ìre den bheatha-obrach aca.

Tha na toraidhean bhon phròiseas co-chomhairle agus bho chòmhradh air dealbh a thoirt dhuinn air roinn a tha toinnte, làn-spionnaidh agus a tha ag atharrachadh gu luath agus anns a bheil na slighean leasachadh gu tric tionnsgalach agus doirbh. Mar sin, tha iad feumach air ro-innleachd a tha comasach air atharrachadh a rèir dòighean-obrach, modailean agus cleachdaidhean ùra; ro-innleachd a tha taiceil do mhiannan nan daoine cruthachail.

'Cha tàinig na co-dhùnidhean a rinn sin gus Chemikal Underground a chruthachadh, gus an t-slighe seo a leantainn, gus an leubail chlèran seo a stèidheachadh, a-mach à beòthachd entrepreneurach, 's e beòthachd chultarach a bh' ann.'

### Co-chomhairle phoblach air dreach ro-innleachd - an Dàmhair - an t-Samhain 2015

Ghabh am pàirt mu dheireadh den phròiseas àite aig deireadh 2015 nuair a chaidh dreach ro-innleachd fhoillseachadh agus a chur a-mach airson co-chomhairleachadh. Chaidh an dreachd sgrìobhainn fhoillseachadh air làrach-lìn Alba Chruthachail air 16 Dàmhair 2015 agus chaidh beachdan iarraidh gu 16 Samhain.

Fhuair an duilleag air an làrach-lìn 1811 seallaidhean puist air leth, ìre tòrr nas àirde na an àbhaist agus fhuair 41 beachdan sgrìobhte mionaideach. Rinn sgioba Fiosrachadh is Rannsachaidh Alba Chruthachail lèirmheas air na freagairtean agus rinn iad geàrr-chunntas de na prìomh bheachdan a fhuaras sa cho-chomhairle.

Chaidh an geàrr-chunntas seo a chleachdadh gus gleans a chur air an dreachd ro-innleachd a chaidh a chur gu Bòrd Alba Chruthachail aig deireadh na Samhna. Stèidhich am Bòrd fo-bhuidheann às dèidh seo gus an ro-innleachd dheireannach a chur ri chèile airson a chur dhan Bhòrd airson aonta anns a' Mhàirt 2016.

<sup>1</sup> Beachd bho Stewart Henderson a-nochd ann an, 'Connecting Creativity, Value and Money' Bob Last/ Cultural Enterprise Office 2014

## Geàrr-chunntas de fhreagairtean dhan cho-chomhairle phoblach fhosgailte

Chaidh an dreach ro-innleachd a chur air an làrach-lìn cho math ri sreath de cheistean farsaing a thug rùm do luchd-freagairt gus am beachdan a chur a-steach. B' iad seo na ceistean a chaidh fhaighneachd:

- A bheil an ro-innleachd a' mìneachadh dè th' anns na gnìomhachasan cruthachail ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall dhut?
- A bheil thu a' faireachdainn gu bheil an ro-innleachd a' riochdachadh feumalachdan nan gnothachasan cruthachail de gach meud?
- A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil gach àrd-amas air an cur ann an gnìomhan iomchaidh no a bheil gnìomhan eile a bu chòir a bhith ann?
- A bheil thu den bheachd gum bi deagh bhuidhe aig na gnìomhan a dh'ainmich sinn?
- Agus na gnìomhan seo gu bhith air an libhrigeadh tron Ghiblean 2017, dè bu thoil leibh fhaicinn às dèidh seo?
- Agus, gu dearbh, bu toil leinn beachd sam bith eile a th' agad a chluinntinn

## Geàrr-chunntas air na freagairtean

A-mach às na freagairtean a fhuaras (42), bha 21 taiceil san fharsaingeachd; bha dà àicheil agus bha 21 neo-phàirteil (Cha tuirt iad gu soilleir an robh iad airson no an aghaidh na ro-innleachd san fharsaingeachd).<sup>2</sup>

### Prìomh Chuspairean:

#### Mìneachadh:

Thug **ceithir deug** den luchd-freagairt beachd seachad air ceistean co-cheangailte ri bhith mìneachadh dè th' anns na Gnìomhachasan Cruthachail. Bha na beachdan seo measgaichte le cuid aca taiceil

'As dèidh suidheachadh far nach robh ro-innleachd ann do na Gnìomhachasan Cruthachail, tha e math a-nis a bhith a' faicinn gluasad misneachail san dòigh anns a bheil Alba Chruthachail a' mìneachadh nan Gnìomhachasan Cruthachail, gu bheil iad a' gluasad air falbh bho bhith beò-ghlaicte le bhith a' seòrsachadh rudan agus gu bheil iad a-nis a' gabhail ri eugsamhlachd anns gach cruth, cumadh is amas.'

'Tha am mìneachadh air na gnìomhachasan cruthachail san fharsaingeachd soilleir agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil e feumail dhan roinn san fharsaingeachd gun a bhith ga chur ann an toll-chalmair no ann an silo. Tha gnothachasan agus luchd-obrach nan gnìomhachasan cruthachail ag obair ann an dòighean nas sùbailte thairis air fo-roinnean agus mar sin, cruthachaidh an ro-innleachd an cothrom as inntinniche gus cothroman ùra a lorg agus a bhith deiseil son an àm ri teachd.'

<sup>2</sup> Chaidh freagairtean a chomharrachadh mar taiceil, àicheil no gu neo-phàirteil mar phàirt den phròiseas sgrùdaidh le sgioba Fiosrachadh is Eòlais Alba Chruthachail gus geàrr-chunntas a dhèanamh de na freagairtean.

**Bha cuid eile ann nach robh idir cho taiceil:**

‘Chan eil e a’ mìneachadh gu soilleir dè tha a’ dol an àite an t-seann mhìneachaidh.’

‘Mar a tha an dreach ro-innleachd ag aithneachadh gu tostach, tha mìneachaidhean air dè th’ anns na gnìomhachasan cruthachail ag innse dhuinn rudeigin mu na prìomhachasan is amasan a th’ aig na daoine a tha gam mìneachadh. .... Ged a tha teicneolasan digiteach aig cridhe fàs is leasachadh gnothachasan cruthachail, chan eil e na chuideachadh a bhith a’ doilleireachadh an eadar-dhealachaidh eadar na gnìomhachasan digiteach cruthachail agus na gnìomhachasan digiteach san fharsaingeachd.’

‘Tha beagan troimhe-chèile ann mu dè na raointean a tha Alba Chruthachail a’ cur fo sgàilean nan gnìomhachasan cruthachail, .... Bhiodh e na cheum air adhart nan robh barrachd soilleireachd agus cunbhalachd anns a’ mhìneachadh agus nan robh e cuideachd a’ gabhail a-steach na h-ealain lèirsinneach, ealainean cluiche agus ailtireachd.’

**Miann adhartais:**

Thuirt **dithis** luchd-freagairt gum bu chòir dhan ro-innleachd a bhith nas àrd-amasach, agus thuirt dithis eile gun robh iad a’ smaoinichadh nach robh e àrd-amasach idir, gu sònraichte leis a’ chlàr-ama a bh’ aige.

‘Bu chòir dhan ro-innleachd a bhith nas àrd-amasach: tha sinn a’ tuigsinn gu bheil suidheachadh an ionmhais san roinn phoblaich na bhacadh, ach bu chòir lèirsinn nas àrd-amasach a bhith anns an ro-innleachd airson nan gnìomhachasan cruthachail, ro-innleachd ris an robh sinn a’ fuireach fad ùine mhòr. Tha feum air atharrachadh susbainteach ann an Alba ma tha na gnìomhachasan cruthachail gu bhith soirbheachail.’

**Tòna agus modh-obrach:**

Chàin **triùir** den luchd-freagairt tòna na h-aithisg, ag ràdh gun robh e ‘a’ bàthadh ann am faclan’ agus gun robh an tòna ro theicnigeach.

Bha beachd ann cuideachd gun robh an sgrìobhainn a’ cur cus cuideam air àite na roinn poblaich (gu h-àraidh àite Alba Chruthachail) agus nach robh gu leòr air àite agus obair nan gnìomhachasan cruthachail san àrainneachd:

‘Anns a’ chruth anns a bheil e an-dràsta, chan eil eil e na sgrìobhainn a dh’fhaodadh na gnìomhachasan cruthachail aonachadh agus dham b’ urrainn dhaibh làn thaic a thoirt. Tha cus ann mu na bhios Alba Chruthachail a’ dèanamh, is dòcha gu bheil sin do-sheachanta, agus chan eil gu leòr ann mu nas urrainn tachairt do na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.’

‘S dòcha gum biodh e na b’ fheàrr nan rachadh an ro-innleachd a leasachadh le bhith ga ghiorrachadh gus a bhith na sgrìobhainn nas giorra don roinn san fharsaingeachd, no nan robh e soilleir gur e sgrìobhainn airson Alba Chruthachail a bh’ ann, a’ cur an cèill na tha e a’ tabhann don roinn.’

**Clàr-ama agus cur an gnìomh:**

Thuir **còignear** den luchd-freagairt gun robh an clàr-ama ro ghoirid, ag ràdh gun robh e ro àrd-amasach agus gun cuireadh e bacadh air a' bhuidh a bhiodh aice agus air a' chomas aice gus buaidh a thoirt air com-pàirtichean, gu sònraichte Ùghdarrasan Ionadail.

**Seasmhachd - eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail:**

Thuir **triùir** den luchd-freagairt nach robh iomradh air seasmhachd àrainneachdail agus gun robh feum air targaidean agus gealltanasan tar-ruigheach anns an raon seo.

A bharrachd air seo, chuir ochdnar den luchd-freagairt beachd air adhart gum bu chòir barrachd cuideam a bhith air taobhan sòisealta nan gnìomhachasan chruthachail agus air dè cho seasmhach sa bha iad gu sòisealta, agus gu bheil cus cuideam air toraidhean eaconomach.

'Chan eil an dreachd làithreach ag aithneachadh cho cudromach sa tha gnìomhachd chruthachail ann a bhith brosnachadh com-pàirt, coimhearsnachd agus iomairt ann an coimhearsnachdan a chaidh fhàilligeadh leis an eaconamaidh margaidh san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh.'

'Sanas beag: dh'fhaodte gu bheil beagan cus cuideim air mar as urrainn dhan roinn a bhith air a leasachadh airson maith eaconomaidh na h-Alba, seach airson maith slàinte chultarach agus chruthachail an nàisein agus a sluagh'



**Luchd-malairt aonair/Daoine ag obair air an ceann-fhèin agus meanbh-ghnothachasan:**

Thug iomadh neach-freagairt iomradh air cho pailt 's a bha gnìomhachasan beaga agus mion-ghnìomhachasan anns an roinn seo agus mu na dùbhlain a tha an lùib seo. Am measg nan cùisean a chaidh a thogail, bha:

- A bhith taobh a-muigh nan slatan-tomhais aig Scottish Enterprise airson taic fhaighinn.
- Doirbh a bhith a' lìonrachadh
- Diofar ìrean taic a rèir còd-puist
- Càineadh nach robh iomradh gu leòr anns an ro-innleachd air luchd-obrach neo-cheangailte a tha ag obair air an ceann fhèin.
- Gum feumar taic a thoirt do mhion-ghnìomhachasan ann an dòigh eadar-dhealaichte ris na buidhnean is iomairtean mòra
- Gu bheil tòrr dhaoine ag obair bhon taigh agus na dùbhlain agus cothroman a tha an lùib seo

Bha beachdan diofraichte ann air dè an ìre san robh an ro-innleachd a' gabhail ris agus a' frithealadh fheumalachdan nan gnothachasan beagan agus nam meanbh-ghnothachasan.

**A' tomhas sàr-mhathas**

Nochd **dithis** gun robh e doirbh seo a choilionadh taobh a-staigh co-theacsa nan gnìomhachasan cruthachail.

'Tha cuideachd còmhstri ann, nach eil an dreachd ro-innleachd ag aithneachadh, eadar 'sàr-mhathas' (agus na h-iomraidhean ann mun Fhrèam Ealaineach is Cruthachail) air an dàrna làimh agus an ìmpidh a bhith soirbheachail is a bhith fàs gu coimeirsealta air an làimh eile.'

# BEACHDAN AIR AMASAN SÒNRAICHTE

## Amas 1. A' tasgadh còmhla

### An t-àite aig SCIP:

Nochd **ochdnar** den luchd-fhreagairt draghan sònraichte mu dhleastanasan agus raon-ùghdarras SCIP. Am measg nan càinidhean, bha gu bheil e ro mhòr, liobasta, dùinte agus nach eil pròifil àrd gu leòr aige. Chaidh draghan a nochdadh cuideachd mun dì-cheangal ris an roinn agus cuid ag ràdh gu bheil fìor cheannardas a dhith air.

'Cha deach ùghdarras gu leòr a thoirt do dh'Alba Chruthachail gus ceannas èifeachdas a thoirt seachad.'

### Mion-fhiosrachadh mu mhaoineachadh:

Thuir **ceathrar** den luchd-freagairt nach robh fiosrachadh mionaideach gu leòr ann mun ionmhas a bha ri fhaighinn agus mu na prìomhachasan maoinachaidh.

'Bu toil leinn barrachd mion-fhiosrachaidh mu dè seòrsa gnìomhan a gheibh taic mar phrìomhachas.'

A bharrachd air seo, chaidh fàilte a chur air ionmhas air iasad le **aon** neach-fhreagairt agus thuir neach-freagairt eile gun robh àite cudromach aig maoinachadh-sluaigh anns an roinn.

'Gu ìre mhòr, chaidh maoinachadh-sluaigh a thòiseachadh leis an roinn seo. Tha sinn a' faireachdainn gum bu chòir dhan sgrìobhainn ro-innleachd seo iomradh a thoirt air an dòigh-mhaoineachaidh ùr seo.'

### Sgilean:

Bha farsaingeachd de bheachdan ann mu neartan is laigsean mu sholair sgilean aig an àm seo.

Am measg nan draghan a chaidh a nochdadh bha a' bhuidh aig gearraidhean ann am foghlam adhartach air na cothroman a bh' ann airson leasachadh sgilean, beàrnann ann an sgilean a' gabhail a-steach leasachadh ceannardais, slighean adhartais airson òigridh, dleastanas a bhith a' cur aghaidh ri ceistean ionnanachd agus bacaidhean, agus feum air barrachd taic is sgilean a thaobh gnothachais.

'Bhiodh e math barrachd taic ghnìomhach a thaobh gnothachais fhaicinn airson daoine (mar mi fhèin) a tha soirbheachail al thaobh ealain ach aig nach eil na sgilean no ceanglaichean gus sin a ghluasad gu soirbheas coimeirsealta.'

## Amas 2. Tionnsgalachd airson na h-eaconamaidh san fharsaingeachd

‘Tha e sgoinneil gu bheil fòcas air tionnsgalachd san roinn phoblaich an seo. Tha làn àm ann gun cuidich na gnìomhasan cruthachail gus buaidh is ceannas a thoirt air an smaoineachadh seo gus buaidh a thoirt air an eaconomaidh/air a’ chomann-sòisealta san fharsaingeachd.’

### Gnìomhachasan cruthachail no cruthachalachd ann an gnìomhachas?

Thuir **triùir** den luchd-freagairt gum bu chòir dhan ro-innleachd a bhith soilleir an robhar airson tionnsgalachd ann an roinn a’ chultair a-mhàin, no anns an eaconomaidh san fharsaingeachd.

‘Feumar beachdachadh barrachd air mar as urrainn dha cruthachalachd a bhrosnachadh barrachd taobh a-staigh gnìomhachas san fharsaingeachd .... seo ceist thoinnte agus tha e a’ togail na ceiste mòire am bu chòir Alba Chruthachail a bhith a’ toirt air adhart obair anns an raon seo an co-bhann ri Scottish Enterprise le a dleastanas airson fàs eaconamach.’

### Cuideam air brosnachadh seach air taic:

Thuir **dithis** den luchd-freagairt gun robh a’ mhòr-chuid den earrann seo a’ coimhead air obair sanasachd seach air a bhith a’ cuideachadh gnothachasan gus a bhith tionnsgalach.

### Àite nan oilthighean:

Thug trì deug den luchd-freagairt seachad beachd air àite nan oilthighean agus rannsachadh taobh a-staigh na ro-innleachd seo. Bha ceithir de na freagairtean seo bho institiudan acadaimigeach.

### Am measg nam beachdan, bha:

Nach eil fòram èifeachdach ann far an urrainn don fheadhainn a tha an sàs gu dìreach ann an gnìomhachasan cruthachail a bhith a’ bruidhinn ri luchd-obrach a’ ghnìomhachais, ri luchd fastaidh agus ri buill SCIP aig ìre ro-innleachdail, agus gu bheil feum air tighinn còmhla gur trèanadh nas cunbhalach a thoirt seachad air feadh na h-Alba.

Tha barrachd fiosrachaidh a dhìth mu na slighean adhartais airson an fheadhainn a tha nan oileanach FE/HE (taobh a-muigh slighean SDS) – mar a tha iad air an cuideachadh gus gnothachasan seasmach a chruthachadh.

Gum bu chòir nochdadh gu bheil seilbheachd innleachdail le oileanaich is chan ann leis na h-institiudan.

### An t-àite aig rannsachadh:

Bha dà bheachd ag ràdh gun robh feum air co-roinn is tuigse nas fheàrr a bhith ann air cruinneachadh dàta, agus gu bheil feum air barrachd fianais càileachdail air mar a bhios luchd-obrach cruthachail ag obair agus air na buaidhean sòisealta is cultarach a bharrachd air an fheadhainn eaconamach.

## Amas 3. In-ghabhalachd tro dhaoine is àiteachan

### Feumalachdan bailteil is dùthchail:

Thuir **sianar** den luchd-freagairt gun robh feumalachdan sònraichte aig gnìomhachasan cruthachail ann an coimhearsnachdan dùthchail agus gum feum iad taic. Bha seo a' gabhail a-steach in-ghabhaltachd digiteach, duilgheadasan le bhith a' faighinn cothrom air lìonraidhean (oir tha iad stèidhichte anns na bailtean mar as trice) agus taic gus margaidean nas motha a ruighinn.

'Chan eil ann an sgèile ach aon de na taobhan air am bu chòir beachdachadh - feumar cuimhneachadh air dèine gnìomhachd, astar agus ceanglaichean conaltraidh cuideachd.'

Air an làimh eile, thuir **aon** neach-freagairt gun robh feum air mòr-aonadan cultarach ann an cathair-bhailtean na h-Alba agus gum bu chòir an leasachadh agus àrach mar 'phrìomh luchd-cruthachaidh de dh'iomadachd bhailteil agus de dh'fhosgailteachd a tha a' cruthachadh ghòireasan bailteil (do-bheantainn) gu dìreach'. Thuir neach-freagairt eile gun robh feum air Cruinneachaidhean cruthachail.

### Lìonraidhean:

Ged a chaidh fàilte a chur air lìonraidhean san fharsaingeachd, thuir cuid gun robh ceistean ann a thaobh inntrigeadh do lìonraidhean dhan fheadhainn a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail.

'Tha an calpa sòisealta a chaidh a chruthachadh tro lìonraidhean ionadail air a bhith na bu luachmhoire dhan a h-uile duine na dìreach a bhith 'pump-priming' le buidheann bheag thaghte.'

### Ath-chleachdadh àiteachan:

Chuir iomadh neach-freagairt taic ri seo, ach thuir iad gun robh feum air ro-innleachd le clàr-ama nas fhaide airson seo a chur an gnìomh. Mhol aon neach-freagairt gum bu chòir lèirsinn nas fharsainge a bhith aig an ro-innleachd gus feart a ghabhail ris an earrann bheòthail den ghnìomhachas ann an Alba a tha stèidhichte san dachaigh.

Dh'fhaodar barrachd a dhèanamh a thaobh in-ghabhaltachd airson àiteachan agus airson daoine agus gus iomadachd agus slighean air adhart a bhrosnachadh anns na gnìomhachasan cruthachail; 'dh'fhaodadh briathran na bu treasa a bhith ann mu obrachadh ann an com-pàirteachas agus air slighean fastaidh.'

## Amas 4. An Suidheachadh Eadar-nàiseanta

Thug iomadh buidheann iomradh air na h-àrd-amasan aca airson a bhith a' dèanamh barrachd obair eadar-nàiseanta agus chuir iad fàilte air an Amas seo.

### Rach agus Faic:

Chuir **triùir** luchd-freagairt fàilte gu sònraichte air a' mholadh airson pròiseact 'Go and See' le **dithis** eile ag ràdh gum biodh iad deònach a bhith a' co-roinn na dh'fhiosraich iad.

### Brandd:

Chaidh fàilte a chur air a' bheachd-smaoin gum biodh branndadh eadar-nàiseanta ann agus gum biodh àrd-ùrlar ann airson luchd-ealain is gnìomhachasan beaga ach bha rabhadh ann nach bu chòir dha a bhith mar 'uinneag bùtha do bhùth a tha falamh'.

---

---

## Lèirmheas dheireannach

---

---

As dèidh na co-chomhairle poblaich, agus geàrr-chunntas nam freagairtean, thug Clive Gilman, Stiùiriche nan Gnìomhachasan Cruthachail aig Alba Chruthachail, freagairt seachad do na prìomh cheistean a chaidh a thogail. Chaidh an 'aithris lèirmheise' a chleachdadh às dèidh seo le Bòrd Alba Chruthachail agus iad a' cur an tionndadh mu dheireadh den ro-innleachd air dòigh.

### Thuirt a' cho-chomhairle phoblach:

'Chan eil na h-eadar-dhealaidhean eadar na mìneachaidhean air na dè th' anns na Gnìomhachasan Cruthachail aig Riaghaltas na RA, Riaghaltas na h-Alba agus san ro-innleachd seo cho soilleir sa dh'fhaodadh iad a bhith.'

### An fhreagairt againn:

Cuiridh sinn mìneachadh nas soilleire mu na h-eadar-dhealaidhean eadar na diofar dhòighean-obrach anns na sgrìobhainnean co-cheangailte.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Dh'fhaodadh an ro-innleachd seo a bhith na b' àrd-amasaiche agus na bu dàna agus a bhith na nàdar de sluagh-gairm airson na roinne seo san àm ri teachd. Bha cus cuideam air na dòighean-obrach aig na buidhnean san roinn phoblaich a tha ann an SCIP.

**An fhreagairt againn:**

Feumaidh sinn beagan fòcas a chumail air mar a tha SCIP ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean is gnìomhan thairis air na prìomh chom-pàirtichean a chur a rèir a chèile, ach a-nis, nì sinn dà sgrìobhainn den ro-innleachd: an dàrna tè a' coimhead air amasan is gnìomhan Alba Chruthachail a-mhàin agus an tè eile na phlana airson SCIP. Ged a bha iarrtas ann bho chuid den luchd-freagairt a bhith a' toirt seachad aithris le nas lugha de dh'fhòcas air obair Alba Chruthachail agus le barrachd mun roinn fhèin, tha sinn a' faireachdainn anns a' chiad dol a-mach gum bu chòir dhuinn cur an cèill na tha Alba Chruthachail gu bhith a' dèanamh gus ionnsachaidh bho agus gus taic a chumail ris an roinn san ùine ghoirid gus an tèid an ro-innleachd ùrachadh ann an 2017.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Thug grunn luchd-freagairt iomradh air cho goirid 's a bha clàr-ama na ro-innleachd

**An fhreagairt againn:**

Chaidh an ro-innleachd seo a sgrìobhadh le clàr-ama goirid a dh'aona-ghnothach gus am bithear a' dèanamh lèirmheas air na ro-innleachdan uile aig Alba Chruthachail aig an aon àm anns a' Ghiblean 2017. Ged a tha na gnìomhan anns an ro-innleachd uile ceangailte ris a' cheann-ama seo, thathar an dùil gum mair na cinn-amasan às dèidh a' chinn-latha seo agus gun toir iad buaidh air an ath sheata de ghnìomhan bhon Ghiblean 2017 a-mach.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Thug cuid den luchd-freagairt iomradh air an abairt 'seasmhach' agus dh'iarr iad barrachd mineachaidh air na bha seo a' ciallachadh.

**An fhreagairt againn:**

Obrachaidh sinn gus barrachd mion-fhiosrachadh a chur ris a tha a' mineachadh ar modh-obrach a thaobh seasmhachd eaconomach ann a dòigh nas soilleire. Nì sinn cinnteach gun cuir sinn aithris nas soilleire ann mu sheasmhachd àrainneachdail agus na gnìomhachasan cruthachail.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Nach eil an ro-innleachd a' cur cuideam gu leòr air cho cudromach sa tha na buannachdan don chomann-sòisealta bho roinn gnìomhachasan cruthachail bheòthail.

**An fhreagairt againn:**

Tha seo na taobh air leth cudromach den ro-innleachd agus tha e na adhbhar dragh dhuinn nach eil e a' tighinn thairis làidir gu leòr. Mar sin, nì sinn ar dìcheall seo a chur ceart san tionndadh mu dheireadh agus anns na sgrìobhainnean co-cheangailte.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Bha beagan bheachdan ann ag ràdh nach robh an ro-innleachd ag aithneachadh gur dòcha gum bi còmhstri ann eadar sàr-mhathas agus soirbheas coimeirsealta.

**An fhreagairt againn:**

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil barrachd obair a dhìth an seo gus na draghan a th' aig cuid fhuasgladh. Aithnichidh sinn seo ann an teacs na ro-innleachd agus feuchaidh sinn ri dòighean a lorg gus dèiligeadh ri còmhstri sam bith den t-seòrsa seo tro bheatha na ro-innleachd.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Thug cuid den luchd-freagairt iomradh air dòighean sònraichte airson maoineachadh fhaighinn san àm ri teachd nach d' fhuair iomradh soilleir san ro-innleachd.

**An fhreagairt againn:**

Tha sinn a' cur fàilte air seo agus obraichidh sinn taobh a-staigh nan gnìomhan san ro-innleachd seo gus coimhead air dè na dòighean-maoineachaidh as freagarraiche airson gnìomhachasan cruthachail na h-Alba.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Bha ùidh nach bu bheag aig daoine anns an àite a dh'fhaodadh a bhith aig na gnìomhachasan cruthachail mar chatailist airson tionnsgalachd san eaconomaidh san fharsaingeachd.

**An fhreagairt againn:**

Ged a tha seo anns an dreach mar ghnìomh, feumaidh sinn seo a neartachadh is a shoillearachadh tro na com-pàirteachasan againn, gu sònraichte le Comhairle Maoineachaidh an h-Alba (SFC), gus dèanamh cinnteach gu bheil a' riochdachadh an àrd-amais againn a bhith a' cleachdadh cruthachalachd mar chatailist chudromach airson na h-eaconomaidh agus dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Bha beagan dragh ann gum biodh cuid den ghnìomhachd ga dèanamh leis na 'lìonraidhean cruthachail sgìreil' (a dh'ainmich sinn ann an nòta san dreachd ro-innleachd) a-mhàin.

**An fhreagairt againn:**

Cha b' e seo a bha fa-near dhuinn idir agus atharrachaidh sinn an teacs seo gus dèanamh cinnteach gu bheil seo soilleir.

**Thuir a' cho-chomhairle phoblach:**

Bha grunn beachdan ann mu àite Oilthighean is Colaistean na h-Alba

**An fhreagairt againn:**

Bha cuid de na cuspairean gu math toinnte agus tha iad taobh a-muigh rùn-ùghdarrais na ro-innleachd mar ghnìomhan ach thèid na beachdan seo a chleachdadh mar fhiosrachadh do ghnìomh com-pàirteachaidh sam bith a thig a-mach às an ro-innleachd. Bha beachdan eile ann mu na dòighean anns an urrainn do roinn nan Oilthighean is Colaistean cur ri prìomh amasan na ro-innleachd – gus taic a chumail ri cruthachadh ghnìomhachasan cruthachail a tha seasmhach. Chaidh an obair againn san roinn seo a chur air adhart gu ìre mhòr le ar com-pàirteachas le Comhairle Maoineachadh na h-Alba agus leis an fheum a bhith ag obair le Oilthighean is Colaistean gus taic a chumail ri leasachadh tionnsgalachd airson roinn nan gnìomhachasan cruthachail. Tha e coltach gun nochd an obair seo tron SFC seach gu dìreach tron ro-innleachd seo agus mar sin chan eil an ro-innleachd seo ach ag aithneachadh a' chom-pàirteachais seo agus ag ràdh gu bheil ar taic ris. Tha Alba Chruthachail airson gnìomhan èifeachdach, stèidhichte air fianais, a chur air dòigh agus bidh sinn ag obair leis na com-pàirtichean acadaimigeach againn gus seo a dhèanamh.

---

---

## San fharsaingeachd

---

---

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil faclan-fasanta agus cainnt nach eil soilleir ga chleachdadh san roinn poileasaidh seo gu tric agus gu bheil sin uaireannan a' falach laigsean anns na beachdan a tha a' nochdadh mu mar a tha rudan ag obrachadh an da-rìribh. Tha sinn airson sgrìobhainn a dhèanamh a nì ciall an dà chuid do luchd-poileasaidh agus do phroifeiseantaich agus leanaidh sinn oirnn a bhith ag ath-sgrùdadh nam faclan a chleachdas sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad soilleir agus gu bheil iad a' toirt seachad tuigse nas fheàrr air na tha sinn a' feuchainn ri coilionadh.





ALBA | CHRUTHACHAIL


Chaidh an t-earr-ràdh seo a sgrìobhadh mar taic dhan Ro-innleachd aig Alba Chruthachail do na Gníomhachasan Cruthachail 2016-17. Tha an Ro-innleachd agus gach earr-ràdh is goireas a tha cumail taic rithe rim faighinn aig [www.creativescotland.com/creativeindustries](http://www.creativescotland.com/creativeindustries)

Geata Waverley  
2-4 Plàs Bhatairliù  
Dùn Èideann EH1 3EG  
Alba RA

An Taigh-solais  
Caolshraid Mitchell  
Glaschu G1 3NU  
Alba RA

Ionad-fàilte +44 (0) 330 333 2000  
Fios +44 (0) 845 603 6000  
[enquiries@albachruthachail.com](mailto:enquiries@albachruthachail.com)

**[www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com)**

 @creativescots

An Cèitean 2016